

Goireas Ionnsachaidh



Cuairtean-dànachd Yoyo

*Yoyo & A' Phlaide
Fuaigheil-bhrèide*

Yoyo & A' Phlaide Fuaigheil-bhrèide

Beachd airson Leasan - Na Tràth Ìrean

Coimhead air am bhidio Yoyo & A' Phlaide Fuaigheil-bhrèide. Ag èisteachd ris a' cheòl agus an aithris, bheir na sgoilearan tron stòiridh. Bruidhinn air mar a bha an ceòl a' toirt orra a bhith a' faireachdainn. An urrainn dhaibh an ceòl a mhìneachadh (*luath, slaodach, clisgeach, ciùin m.s.a.a.*)? Brosnaich iad a bhith a' ceangal diofar phàirtean den stòiridh ris a' cheòl. (*m.e. An robh an ceòl luath nuair a bha tòrr gluasad a' dol air an sgrìn?*)

Chan urrainn do Sheanair Yousef an seann kameez aige a lorg (coltach ri lèine/siorta fada) agus bu mhath leis a bhith gan chleachdadh gus paidse a chuir ris a' phlaide fuaigheil-bhrèide. Tha a h-uile duine eile air seo a dhèanamh... Chleachd Granaidh Zaina an seann sari aice, chleachd Granaidh Flo na ceàrnagan beaga ceilteach a bha i air fhighe, chleachd Seanair Zigzag na seann stocainnean buidhe aige agus tha fiù 's pàirt den phlaide beag gorm a bh' aig Yoyo nuair a bha i na bèibidh ann.

Nan robh an clas agaibhse dol a chruthachadh plaide fuaigheil-bhrèide, cò ris a bhiodh e coltach?

1. Mar ionnsachadh aig an taigh, faighnich air a' chlann pìos stuth-aodaich a thoirt a-steach. Is dòcha rudeigin a bh' aca nuair a bha iad beag, searbhadair airson na soithichean le fàileadh bhon dachaigh no rudeigin leis an teaghlach aca m.e. plaide a' chat. Faighnich air na pàrantan/luchd-cùraim a bhith bruidhinn riutha mun pìos seo agus carson a tha e cudromach dhaibh.
2. San sgoil, is urrainn do na sgoilearan innse mun pìos stuth-aodaich aca aig àm-chearcaill. Dh'fhaodadh tidsearan a chuir air dòigh diofar stuthan-aodaich a tha ceangailte ris an sgoil no an seòmar-sgoile m.e. pìos bhon aodach sgoile. Cleachd iad seo airson sgoilearan nach d'fhuair cothrom rudeigin a thoirt a-steach agus cuideachd airson coimhearsnachd na sgoile a riochdachadh.
3. Dh'fhaodadh inbheach a tha math air fuaigheal a' tighinn a-steach gus taic a thoirt ris a' chloinn gus na pìosan seo uile a chuir còmhla mar phlaide mòr àlainn.



Yoyo & A' Phlaide Fuaigheil-bhrèide

Beachd airson Leasan - A' Chiad Ìre


Coimhead air am bhidio Yoyo & A' Phlaide Fuaigheil-bhrèide. Ag èisteachd ris a' cheòl agus an aithris, bheir na sgoilearan tron stòiridh. Bruidhinn air mar a bha an ceòl a' toirt orra a bhith a' faireachdainn. An urrainn dhaibh an ceòl a mhìneachadh (*luath, slaodach, clisgeach, ciùin m.s.a.a.*)? Brosnaich iad a bhith a' ceangal diofar phàirtean den stòiridh ris a' cheòl. (*m.e. An robh an ceòl luath nuair a bha tòrr gluasad a' dol air an sgrìn?*)

Chan urrainn do Sheanair Yousef an seann kameez aige a lorg (coltach ri lèine/siorta fada) agus bu mhath leis a bhith gan chleachdadh gus paidse a chuir ris a' phlaide fuaigheil-bhrèide. Tha a h-uile duine eile air seo a dhèanamh... Chleachd Granaidh Zaina an seann sari aice, chleachd Granaidh Flo na ceàrnagan beaga ceilteach a bha i air fhighhe, chleachd Seanair Zigzag na seann stocainnean buidhe aige agus tha fiù 's pàirt den phlaide beag gorm a bh' aig Yoyo nuair a bha i na bèibidh ann.

Nan robh thusa dol a chruthachadh plaide fuaigheil-bhrèide le do theaghlach, cò ris a bhiodh e coltach?

1. Ionnsachadh aig an taigh: Bruidhinn air dè bhiodh gach ceàrnag a riochdachadh. Dèan nota de cò, dè agus carson airson gach ceàrnag gus am b' urrainn dhaibh bruidhinn mu dheidhinn nuair a thilleas iad dhan sgoil. Cleachd an grid air an ath dhuilleig.
2. Air ais san sgoil, cleachd am fiosrachadh seo gus còmhraidh a dhèanamh le caraid ri do thaobh agus an uair sin, caraid eile a tha thusa air taghadh. Bruidhinn mu na taghaidhean agad, a' cleachdadh an grid agad gus an còmhraidh a stiùireadh.
3. Dealbhaich am plaide fuaigheil-bhrèide gu ceart, a' cleachdadh faclan agus dathan gus fear a chruthachadh a tha cudromach dhut.
4. Seall am plaide dhan a' chlas, ma tha thu ag iarraidh, no fiù 's aig tachartasan eile san sgoil mar cruinneachadh, coinneamhan m.s.a.a.





Yoyo & A' Phlaide Fuaigheil-bhrèide

Ionnsachadh thar-churraicealaim agus cuspairean - Na Tràth Ìrean

Litearrachd - Èisteachd agus Labhairt eòlasan agus builean

“Is toigh leam a bhith a’ feuchainn a-mach thachartasan agus caractaran ann an sgeulachdan agus theacsaichean eile, ag innse mo bheachdan ann an diofar dhòighean.”

LIT 0-01c

“Fhad ’s a tha mi ag èisteachd agus a’ bruidhinn ann an diofar shuidheachaidhean, tha mi ag ionnsachadh mo ‘thuras’ fhìn a ghabhail, agus tha mi a’ tuigsinn nas fheàrr cuin as còir dhomh bruidhinn agus cuin as còir dhomh èisteachd.” **LIT 0-02a / GAI 0-03a**

“Airson mo chuideachadh a’ tuigsinn sgeulachdan agus theacsaichean eile, tha mi a’ faighneachd cheistean agus a’ dèanamh ceangal eadar na tha mi ag ionnsachadh agus nas aithne dhomh mu thràth.” **LIT 0-07a / LIT 0-16a / GAI 0-17a**

“Nuair a tha mi ag èisteachd is a’ gabhail pàirt an còmhraidh, tha mi a’ lorg fhacail ùra airson mo bheachdan, mo smuaintean agus m’ fhaireachdainn innse.” **LIT 0-10a**

Litearrachd - Leughadh eòlasan agus builean

“Is toigh leam a bhith a’ feuchainn agus a’ taghadh sgeulachdan is theacsaichean eile airson an coimhead, an leughadh no airson èisteachd riutha, agus ’s urrainn dhomh innse dè as toigh agus nach toigh leam.” **LIT 0-01b/LIT 0-11b**

“Tha mi a’ feuchainn a-mach fhuaimnean, litrichean agus fhacail, a’ faighinn a-mach mar a tha iad ag obair còmhla, agus is urrainn dhomh na dh’ionnsaicheas mi a chur gu feum airson mo chuideachadh nuair a tha mi a’ leughadh agus a’ sgrìobhadh.”

GAI 0-12a / LIT 0-13a / LIT 0-21a

Litearrachd - Sgrìobhadh eòlasan agus builean

“Airson mo chuideachadh a’ tuigsinn sgeulachdan agus theacsaichean eile, tha mi a’ faighneachd cheistean agus a’ dèanamh ceangal eadar na tha mi ag ionnsachadh agus nas aithne dhomh mu thràth.” **LIT 0-07a / LIT 0-16a / GAI 0-17a**

Teicneòlasan - eòlasan agus builean

Teicneòlas bidhe agus aodaich “Is toigh leam a bhith ag obair le raon de dh’aodaichean.” **TCH 0-04b**

Leasachaidhean Teicneòlasach sa Chomann Shòisealta is Gnothachas “Gus cuideachadh ann a bhith a’ coimhead às dèidh na h-àrainneachd, bidh mi a’ lùghdachadh, ag ath-chleachdadh agus ag ath-chuairteachadh nan stuthan a bhios mi a’ cleachdadh.” **TCH 0-06a**

Obair Ceàird, Deilbh, Einnseanaireachd agus Grafaigs. A’ sgrùdadh an cleachdadh de stuthan. “Tha mi a’ sgrùdadh stuthan àbhaisteach ann a bhith a’ cruthachadh dhealbhan/ mhodailean/ bun-bheachdan.” **TCH 0-10a**

Yoyo & A' Phlaide Fuaigheil-bhrèide

Ionnsachadh thar-churraicealaim agus cuspairean - A' Chiad Ìre

Cuspairean Sòisealta eòlasan agus builean

“Le bhith a’ rannsachadh àiteachan agus obair-làimhe dhaoine agus gan ceangal ri àm ann an eachraidh, tha mi air eòlas fhaighinn mu na dòighean sam bi sinn a’ cuimhneachadh agus a’ gleidheadh eachdraidh na h-Alba.” **SOC 1-02a**

“An dèidh neach cudromach a thaghadh bhon àm a dh’fhalbh, ‘s urrainn dhomh bruidhinn mu bhuaidh an gnìomhan, aig an àm sin agus on uair sin.” **SOC 1-06a**

Eòlas Creideimh agus Moraltachd eòlasan agus builean

“‘S urrainn dhomh labhairt mum chreideasan fhìn, no an cur an cèill ann an dòighean eile.” **RME 1-01c**

“Tro rannsachadh sgeulachdan bho chreideamhan an tsaoghail, ‘s urrainn dhomh iomradh a dhèanamh air cuid de am prìomh chreideasan.” **RME 1-04a**

“Le bhith a’ sgrùdadh cuid de dh’àiteachan agus a’ rannsachadh fhuigheallan, tha mi a’ toirt air adhart m’ eòlais air creideasan ceangailte ri creideamhan an t-saoghail, agus mo mhothachadh air an àite ann an coimhearsnachd na h-Alba agus an t-saoghail.” **RME 1-04b**

“Tha’ mi a’ leasachadh mothachadh gu bheil creideasan agus luachan aig cuid de dhaoine a tha neoeisimeileach bho chreideamh.” **RME 1-09a**

Na h-Ealain Chruthachail eòlasan agus builean

“Tha cothrom agam raon de mheadhanan agus de theicneòlasan a thaghadh agus fheuchainn airson ìomhaighean is cruthan a dhèanamh, a’ lorg dè nì is nach dèan iad agus dè na gnìomhan sònraichte airson a bheil iad freagarrach.” **EXA 1-02a**

“Is urrainn dhomh obair a chruthachadh agus a thaisbeanadh, a’ cleachdadh nan eileamaidean lèirsinneach – loidhne, cumadh, cruth, dath, tòn, pàtran agus gnè stutha.” **EXA 1-03a**

“Is urrainn dhomh raon de dh’fhiosrachadh lèirsinneach a chruthachadh tro bhith ag amharc agus a’ clàradh bhom fhèin-fhiosrachadh thar a’ churraicealaim.” **EXA 0-04a / EXA 1-04a**

“Le diofar seòrsa brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m’ fhaireachdainn a chur an cèill tro obair ann an ealan agus dealbhadh.” **EXA 0-05a / EXA 1-05a / EXA 2-05a**

Litearrachd agus Gàidhlig eòlasan agus builean

Innealan airson Èisteachd agus Labhairt

“Nuair a tha mi a’ dèiligeadh ri daoine eile, tha fios agam cuin agus ciamar as còir dhomh èisteachd, cuin as còir dhomh bruidhinn, dè na chanas mi, cuin as còir dhomh ceistean fhaighneachd agus mar a fhreagras mi le spèis.” **LIT 1-02a**

Innealan airson Sgrìobhadh

“S urrainn dhomh mo sgrìobhadh a thaisbeanadh ann an dòigh a nì e furasta a leughadh agus tarraingeach don leughadair, a’ cur fhacail, ìomhaighean agus fheartan eile an lùib a chèile.” **LIT 1-24a**

Innealan aiosn Leughadh: tuigsinn, dèanamh anailis agus luachadh

“Airson sealltainn na tha mi a’ tuigsinn ann an diofar roinnean ionnsachaidh, ’s urrainn dhomh adhbhar agus prìomh smuaintean teacsa aithneachadh agus beachd a thoirt orra.”

LIT 1-16a

Airson leudachadh agus dùbhlann a thoirt air an ionnsachadh, dh’fhaodadh clann barrachd a chuir ris am plaide aca le tuilleadh cheàrnagan. Dh’fhaodadh seo a bhith air a dhèanamh gu didseatach cuideachd.

Àireamhachd agus Matamataig eòlasan agus builean

Àireamh, airgead agus tomhas - pàtrain agus dàimhean

“S urrainn dhomh pàtrain no dealbhaidhean nach eil cho sìmplidh a chruthachadh agus a chumail a’ dol, a’ cleachdadh measgachadh de mheadhanan.” **MTH 1-13a**

Cumadh, suidheachadh agus gluasad - feartan chumaidhean 2D agus chruthan 3D

“S urrainn dhomh rannsachadh agus bruidhinn air ciamar agus carson a tha diofar chumaidhean a’ dol an altaibh a chèile, agus pàtran leacan a chruthachadh leotha.”

MTH 1-16b

A' cur taic ris na Cuairtean-dànachd Yoyo

Alexander Moncur Trust, Castansa Charitable Trust, Cookie Matheson Charitable Trust, Educational Institute of Scotland (EiS), Evelyn Drysdale Charitable Trust, Gaelic Language Promotion Trust, Hugh Fraser Foundation, Leach Family Trust, Leng Charitable Trust, Lethendy Charitable Trust, McGlashan Charitable Trust, MEB Charitable Trust, Miss Jean R Stirrat's Charitable Trust, Nancie Massey Charitable Trust, P F Charitable Trust, Q Charitable Trust, Radcliffe Trust, R J Larg Family Trust, Scott-Davidson Charitable Trust, Souter Charitable Trust, Stevenston Charitable Trust, Tay Charitable Trust, Tillyloss Trust, Walter Craig Charitable Trust, Walter Scott Giving Group, W M Sword Charitable Trust



Royal Scottish National Orchestra
19 Killermont Street, Glasgow G2 3NX

Charitable Company registered in Scotland
Company Number: SC027809
Scottish Charity Number: SC010702

The RSNO is supported by
the Scottish Government



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot